



Plana Gàidhlig – An Treas Eagra

2023-2028

Chaidh am Plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chuir Bòrd na Gàidhlig aonta ris air 5mh an t-Sultain 2023



## Facal bhon Chathraiche

---



Tha sinn glè thoilichte an treas eagra de Phlana NHS na Gàidhealtachd fhoillseachadh.

Nì sinn cinnteach gum bi gnìomhachd agus seirbheisean NHS na Gàidhealtachd, a thathar a' tabhann sa Ghàidhlig, aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a tha sinn a' toirt seachad sa Bheurla.

Nì sinn cinnteach nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn leinn, gum bi fios aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu bheil iad ann, agus gum bi iad air am brosnachadh gu gnìomhach gus an cleachdadh.

Nì sinn cinnteach gun àrdaichear cothroman do dh'euslaintich, don phoball agus don luchd-obrach againn a' Ghàidhlig a chleachdadh, mar thaic do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, agus do na h-amasan leantainneach gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.

Sarah Compton-Bishop  
Cathraiche, NHS na Gàidhealtachd

## Facal bhon Àrd-oifigear

---

Tha sinn toilichte an treas eagan den Phlana Ghàidhlig againn fhoillseachadh, agus a dh'aindeoin an iomadh dùbhlán a bha romhainn anns na trì bliadhna a dh'fhalbh, tha e na thoileachas dhomh a ràdh gun do rinn sinn adhartas leis a' chiad dà phlana.

Tha sinn ag obair gu cruaidh gus ìre mhothachaidh an sgioba àrdachadh gus am bi luchd-obrach, euslaintich agus am poball gar n-aithneachadh mar bhuidheann a tha deònach Gàidhlig a chleachdadh, ionnsachadh agus a chur air adhart, far an urrainn dhuinn agus nuair a bhios seo comasach.

Tha na h-amasan àrd-ìre againn a' coimhead ri tuilleadh leasachaidhean Gàidhlig ann an seirbheisean leithid seargadh-inntinn, seirbheisean teaghlaich agus cuideachd a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh roghainnean tràth-dhreuchdail do luchd-labhairt na Gàidhlig aig a bheil ùidh ann an slàinte agus cùram sòisealta.



Pamela Dudek  
Àrd-oifigear, NHS na Gàidhealtachd

Clàr-innse

---

1. RO-RÀDH .....	5
2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN .....	11
3. GEALLAIDHEAN A’ PHLANA. ....	12
4.CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM CHOILEANAIDH NÀISEANTA .....	24
5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN IONADAIL AGUS SGÌREIL .....	24
6. FOILLSEACHADH .....	25
7. A’ CUR A’ PHLANA AN GNÌOMH .....	26
8. A’ CUMAIL SÙIL AIR A’ PHLANA .....	26
9. AM PLANA TAOBH A-STAIGH NHS NA GÀIDHEALTACHD.....	26
EÀRR-RÀDH 1: SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH.....	29
EÀRR-RÀDH 2: CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH .....	32

### 1. RO-RÀDH

#### Fiosrachadh mu NHS NA GÀIDHEALTACHD

Tha NHS na Gàidhealtachd a' frithealadh air an sgìre as motha a th' aig Bòrd Slàinte ann an Alba, agus tha an àireamh sluaigh an coimeas ri farsaingeachd na sgìre cho beag 's a gheibhear ann an Alba. Tha an sgìre a' gabhail a-steach 41% de thìr na dùthcha le beagan a bharrachd air 320,000 neach a' fuireach ann. Bidh sinn ag obair còmhla ri daoine de gach aois aig a bheil feum air cùram slàinte agus sòisealta an dà chuid ann an ospadalan agus ann an suidheachaidhean eile sa choimhearsnachd. Bidh sinn a' feuchainn ri taic a chumail ri daoine gus nach fheum iad dol dhan ospadal, nuair a ghabhas sin dèanamh.

Tha ar seirbheisean a' frithealadh air Ceann a Tuath na Gàidhealtachd air fad agus air Earra-Ghàidheal is Bòd. 'S iomadh seòrsa coimhearsnachd a gheibhear san sgìre againn, leithid Inbhir Nis, fear de na bailtean as luaithe a tha a' dol am meud ann an Taobh Siar na h-Eòrpa, agus 37 eileanan air a bheil daoine a' fuireach (23 ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus 14 air a' Ghàidhealtachd, An t-Eilean Sgitheanach nam measg).

Tha sinn a' toirt sheirbheisean seachad bho ar 20 ospadal coimhearsnachd, bho ar n-ionad do dhaoine le ciorraman ionnsachaidh, bhon ospadal slàinte-inntinn spèisealta aig New Craigs agus bho ar 4 ospadalan coitcheann dùthchail. (*Faicibh am mapa gu h-ìosal*). Cuideachd, tha aon ospadal mòr againn airson dian-chùram, Ospadal an Rathaig Mhòir, ann an Inbhir Nis. Bithear a' toirt seachad tòrr de na seirbheisean againn ann an co-bhonn ri seirbheisean prìomh chùraim is cùraim shòisealta agus ris an roinn shaor-thoilich.

A dh'aindeoin a' bheachd a th' aig tòrr dhaoine air an sgìre mar àite tarraingeach, brèagha, tha cruadal, bochdainn connaidh agus neo-ionannachd cuideachd rim faicinn am measg an t-sluaigh, agus ri linn sin 's iomadh dùbhlain a tha romhainn ann a bhith a' libhrigeadh nan seirbheisean againn, agus 's ann nas miosa a bhios cùisean agus cruadal nan cosgaisean bith-beò a' sìor dhol am meud.


Ann an tòrr àiteachan air a' Ghàidhealtachd, tha an NHS agus buidhnean poblach eile a' toirt cosnadh do ghrunn dhaoine, agus faodaidh atharrachadh ann an seirbheisean droch bhuaidh a thoirt air sgìrean a tha mu thràth ann an suidheachadh cugallach. Mar bhuidhinn chudromaich a tha an sàs ann a bhith a' gleidheadh cor sòisealta agus eaconamach nan sgìrean sin air stèidh làidir, faodaidh draghan no ceistean mu chàileachd sheirbheisean slàinte no atharraichean annta a bhith nan adhbhar iomagain am measg choimhearsnachdan, luchd-poilitigs ionadail agus nàiseanta agus luchd-obrach cuideachd. Rè na h-ùine a bha mòr-sgaoileadh COVID ann, b' e dùbhlain dha-rìribh a bh' ann, dhan sgioba againn agus na sgilean agus seirbheisean aca, seirbheisean agus taic a chumail a' dol aig ìre iomchaidh. Agus ged a bh' againn ri ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a thathar a' libhrigeadh agus a' stiùireadh ar seirbheisean, tha sinn gu math moiteil às ar luchd-obrach agus an dìoghras, an dìlseachd agus an leantalachd a nochd iad ann an suidheachadh cho dùbhlainach 's a chunnacas ri linn ginealaich.

Tha àireamh nas motha againn de dhaoine nas sine na gheibhear sa chumantas ann an Alba agus tha dùbhlain an lùib sin, agus 's e am fear as motha dhiubh a bhith a' fastadh luchd-obrach gu leòr airson

## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

ar seirbheisean. Thar nam beagan bliadhnaichean a dh'fhalbh, agus gu h-àraidh às dèidh Covid agus Brexit, tha duilgheadasan nach beag air leantainn a thaobh fastadh dhaoine.

'S e pàirt den dùbhlán a tha romhainn dèanamh cinnteach gun toir sinn seachad cùram a tha sàbhailte agus èifeachdach agus gun tèid modhan-cùraim ùra a chur an sàs a ghabhas cumail suas agus a fhrithheilteas air na feumalachdan aig daoine san àm ri teachd, ann an saoghal nuair a bhios an galar mòr-sgaoilte seachad. Chruthaich sinn ar Plana Ro-innleachdail o chionn ghoirid airson an ath chòig bliadhna, **Cùram Còmhla** sa bheil grunn bhuilean co-cheangailte ri gach ìre de bheatha dhaoine.



## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

### Structar agus Riaghladh NHS na Gàidhealtachd

Tha NHS na Gàidhealtachd air a stiùireadh le Bòrd air a bheil Stiùirichean Neo-dhreuchdail agus Stiùirichean Dreuchdail sònraichte. Tha am Bòrd cunntachail do Riaghaltas na h-Alba tro Rùnaire a' Chaibineit airson Slàinte agus Cùram Sòisealta. Thèid buill a' Bhùird a chur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba. Tha 10,500 neach-obrach air am fastadh againn ann an diofar dhreuchdan air feadh na buidhne. 'S e an rud as luachmhoire a th' againn ar luchd-obrach agus nì sinn, mar Bhòrd, ar dìcheall gu dèanamh cinnteach gu bheil saoghal obrach ann anns a bheil feallsanachd is dòighean-obrach taiceil is bàidheil gan cur an sàs, agus luachan an NHS agus Cùraim Shòisealta mar bhunait dhan t-saoghal obrach sin.

Thèid coinneamhan a' Bhùird a chumail gach dà mhìos agus tha iad fosgailte dhan phoball agus thèid an craoladh air an eadar-lìon. Bidh sgrùdadh bliadhnaile ga dhèanamh air a' Bhòrd a tha cuideachd fosgailte dhan phoball.

### Gàidhlig taobh a-staigh NHS na Gàidhealtachd

A rèir a' chunntais-shluaigh mu dheireadh (2011), bha sgilean Gàidhlig, aig ìre air choreigin, aig 87,100 duine aois trì agus nas sine ann an Alba (1.7% dhen t-sluagh).

A-mach às an 87,100 duine sin:

- Bha na sgilean Gàidhlig uile aig 32,400 (37%) agus b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh
- B' urrainn do 57,600 (66%) Gàidhlig a bhruidhinn
- B' urrainn do 6,100 (7%) Gàidhlig a leughadh agus/no a sgrìobhadh ach cha b' urrainn dhaibh a bruidhinn
- B' urrainn do 23,400 (27%) Gàidhlig a thuigsinn ach cha b' urrainn dhaibh an cànan a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.

Am measg na feadhna a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, thuirt 40% dhiubh gum biodh iad ga bruidhinn san dachaigh aca, ged a bha an àireamh sin eadar-dhealaichte ann an diofar sgìrean a rèir na h-ìre 's a bhathar a' cleachdadh Gàidhlig sna coimhearsnachdan ionadail aig daoine, agus b' e 79% an àireamh a b' àirde.

Tha cha mhòr 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach san sgìre dha bheil NHS na Gàidhealtachd a' toirt seirbheis. Agus ged as ann san sgìre aig NHS nan Eilean Siar as làidire a tha a' Ghàidhlig fhathast ann an Alba (bho Leòdhas aig tuath gu ruige Barraigh aig deas), tha sinne, aig NHS na Gàidhealtachd, a' toirt grunn sheirbheisean seachad do dhaoine a tha a' fuireach an sin, a' gabhail a-steach Ospadal an Rathaig Mhòir a bhios a' toirt sheirbheisean slàinte fìor chudromach do thòrr euslaintich bho na h-Eileanan Siar.

Mar sin, tha e mar phàirt cudromach de ar seirbheisean, a bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-labhairt na Gàidhlig cothrom air cùram, taic agus seirbheisean slàinte agus sòisealta, an dàrna cuid tro mheadhan na Gàidhlig no gum bi cuideigin ann le Gàidhlig as urrainn taic a thoirt dhaibh. Tha an àireamh dhaoine a ghabh pàirt sna clasaichean Gàidhlig a chùim sinn o chionn ghoirid a' sealltainn



## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

gu bheil miann nach beag am measg luchd-obrach gus an cànan ionnsachadh. Agus tha mar a ghabh measgachadh de luchd-dreuchd à caochladh àiteachan pàirt annta a' toirt barrachd dearbhadh dhuinn nach eil e gu diofar dè an dreuchd a th' aig daoine no càite a bheil iad stèidhichte nuair a thig e gu ionnsachadh na Gàidhlig, agus daoine eadar Arcaibh aig tuath agus Baile Eilidh aig deas ag ionnsachadh.

Nuair a rinn sinn sgrùdadh air comasan Gàidhlig luchd-obrach na buidhne agus san ùine ron cho-chomhairle seo, chuala sinn tòrr fianais air na buannachdan a thig bhon Ghàidhlig airson euslaintich agus luchd-obrach, uaireannan aig na h-amannan nuair as motha a tha taic a dhìth orra, leithid an lùib sheirbheisean màthaireil agus seargadh-inntinn. Tha sinn gu math moiteil às mar as urrainn do chuid den luchd-obrach againn daoine a chuideachadh, ann an dòigh thaiceil, agus iad a' cleachdadh Gàidhlig fhad 's a tha iad a' coileanadh na dreuchd aca agus a' cleachdadh nan sgilean aca mar as iomchaidh.

Thathar air a bhith a' cur barrachd cuideim air Gàidhlig sna sgìrean far a bheil barrachd dhaoine fhathast a' cleachdadh a' chànan sa choimhearsnachd agus ann an sgoiltean ionadail. Thathar a' foillseachadh barrachd shanasan-obrach dà-chànanach sna sgìrean sin, gus luchd-labhairt na Gàidhlig a bhrosnachadh gu bhith a' cur a-steach airson obraichean sa bhuidhinn. Mar eisimpleir, nuair a bhathar a' trusadh luchd-obrach airson an ospadail choimhearsnachd ùir san Àth Leathann san Eilean Sgitheanach chaidh sanasan-obrach dà-chànanach fhoillseachadh anns an robhar ag ràdh gum biodh e na bhuannachd nam biodh Gàidhlig agad. Bithear a' dèanamh an aon rud le trusadh ann an Tiriodh agus Colla, far a bheil àireamh nas àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig fhathast.

### Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chuir Pàrlamaid na h-Alba aonta ri *Achd na Gàidhlig (Alba) 2005* leis an amas inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba dha bheilear a' sealltainn an aon spèis agus a tha dhan Bheurla.

'S e aon de na prìomh phàirtean den Achd 2005, cumha far an urrainn do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh buidhnean poblach ann an Alba ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum mair a' Ghàidhlig air stèidh sheasmhach agus iad a' cur ri inbhe a' chànan agus cho follaiseach 's a tha i agus a' cruthachadh chothroman practaigeach gus Gàidhlig a chleachdadh.

'S e a th' anns an sgrìobhainn seo, Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd, a chaidh ullachadh fo chumhachan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cleachdadh Gàidhlig nar n-obair, mar a chuireas sinn air dòigh gun gabh Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh luchd-compàirt, agus mar a bhios sinn a' cur Gàidhlig air adhart agus a' leasachadh cor na Gàidhlig sa bhuidhinn.

Chaidh ar Plana Gàidhlig ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail a chithear ann an Achd na Gàidhlig 2005 agus thug sinn fa-near do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus dhan Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

### Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha NHS na Gàidhealtachd a' toirt taic dhan amas ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 "gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean."

## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

Tha sinn air cur romhainn an t-amas sin a choileanadh le bhith a' toirt prìomhachas do na trì cinn seo nar n-obair: -

- A' cleachdadh barrachd Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig nas trice nuair a tha gnothach aca rinn no ri ar seirbheisean
- A' cruthachadh barrachd chothroman do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn agus le sin bheirear barrachd chothroman trèanadh do luchd-obrach gus leudachadh air na sgilean Gàidhlig aca
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig nuair as urrainn dhuinn mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidhinn

Tha fios againn cuideachd gu bheil Riaghaltas na h-Alba air co-chomhairle a chumail o chionn ghoirid air an dreachd aca de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2023-28 agus tha sinn mothachail air na h-amasan ùra a tha na chois.

### Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach

San rannsachadh seo, rinn sinn sgrùdadh airson an treas turais, san Dàmhair 2022, am measg luchd-obrach gus tomhas a dhèanamh air an eòlas is na sgilean Gàidhlig aca. Tha cuid dhiubh air a ràdh gu bheil sgilean Gàidhlig aca, agus na sgilean sin aig diofar ìrean eadar feadhainn as urrainn facal no dhà a ràdh agus cuid eile as urrainn Gàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh agus a bhruidhinn gu fileanta.

### 'S iad Prìomh Thoraidhean a fhuaras bhon Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach:-

**Bha comas air choreigin ann an Gàidhlig aig 41% dhen fheadhainn a fhreagair, agus b' urrainn 8% còmhradh a chumail no bha iad fileanta.**

**Bha ùidh aig 57% dhen fheadhainn a fhreagair ann a bhith a' faighinn trèanadh ann an sgilean Gàidhlig no ann an seiseanan fiosrachaidh mun chànan, ged nach robh ach 2% den fheadhainn a fhreagair air sin a dhèanamh mar phàirt dhen obair aca.**

Bha an àireamh dhen luchd-obrach a fhreagair na b' ìsle na bhathar an dùil agus cha d' fhuaras sampall a bha mòr gu leòr gus coimeas èifeachdach a dhèanamh ri dàta bho sgrùdaidhean eile. Gheibhear fiosrachadh iomlan mu ar Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach ann an Eàrr-ràdh 1. An-dràsta, tha 20 neach-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig, cothrom ionnsachaidh a chaidh a chur air dòigh ann an com-pàirt ri Ionad Chaluis Chille Ìle agus Comhairle na Gàidhealtachd.

## 2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

### Co-ionannachd Spèis

Nì sinn cinnteach gum bi an obair agus na seirbheisean a bhios NHS na Gàidhealtachd a' tabhann ann an Gàidhlig aig an aon ìre agus dhen aon chàileachd 's a tha an fheadhainn a bheir sinn seachad ann am Beurla.

### Cothrom follaiseach

Bidh sinn a' toirt cothrom follaiseach do ar luchd-obrach agus dhan phoball air ar seirbheisean Gàidhlig. Nì sinn cinnteach, nuair a tha sinn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig, gun tèid fhoillseachadh do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu bheil a leithid ann, agus gun tèid am brosnachadh gu bhith a' dèanamh feum de na seirbheisean sin.

Bheir sin an t-uallach air falbh bhon neach fhèin a thaobh a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bidh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig air am misneachadh agus fios aca gun tèid frithealadh air na feumalachdan aca mas e sin a tha iad ag iarraidh.

Nì sinn cinnteach gu bheil e a cheart cho furasta cothrom fhaighinn air na seirbheisean Gàidhlig againn agus a tha e na seirbheisean Beurla againn fhaotainn.

### A' Dèanamh Gàidhlig na Pàirt Àbhaisteach de ar n-Obair

'S ann le bhith a' coileanadh nan gnìomhan sa phlana seo as motha a chuidicheas sinn leis na h-amasan leasachaidh a chaidh a chomharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Nì sinn cinnteach gum bi barrachd chothroman ann do dh'euslaintich, dhan phoball agus dhan luchd-obrach againn Gàidhlig a chleachdadh, mar thaic dhan amas ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

### 3. GEALLAIDHEAN A' PHLANA

#### Amasan Àrd-ìre

Tha na h-Amasan Àrd-ìre ceangailte gu dlùth ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23. Mar sin, tha iad stèidhichte air na trì cinn ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig: -

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

#### A' TOIRT FÀS AIR CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

<b>Amas Àrd-ìre</b>	<b>Bidh NHS na Gàidhealtachd a' gabhail ri Gàidhlig mar fheumalachd an lùib cùram clionaigeach is sòisealta nuair a thathar a' toirt cùram do dh'euslaintich.</b>
<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	Gum bi barrachd tuigse air is deagh-ghean dhan Ghàidhlig am measg an luchd-obrach uile ann an roinnean buntainneach den bhuidhinn agus gum bi i air a cleachdadh barrachd leotha nuair a tha iad a' dèiligeadh ri euslaintich agus luchd-cleachdaidh ar seirbheisean.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Tha luchd-obrach ann mu thràth sna roinnean airson cùram clionaigeach agus sòisealta a bhios a' cleachdadh Gàidhlig ann an dòigh neo-fhoirmeil, ach chan eilear a' tomhas no a' trusadh fianais air sin ann an dòigh oifigeil.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Comharraichidh sinn sgìrean agus roinnean far a bheil luchd-obrach ann le Gàidhlig do dh'euslaintich.</li> <li>2. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air comasan Gàidhlig luchd-obrach na seirbheis 'Cùram san Dachaigh' agus thèid toraidhean an sgrùdaidh a chlàradh.</li> <li>3. Dòigh shoilleir agus shìmplidh a stèidheachadh gus comharrachadh cò an luchd-obrach is na h-euslaintich aig a bheil Gàidhlig.</li> <li>4. Ag obair còmhla ri luchd-compàirt leithid Alzheimer's Scotland, SEALL agus buidhnean eile san treas roinn gus an uiread as motha as urrainnear de chothroman a chruthachadh Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean taiceil do dh'euslaintich le seargadh-inntinn no Alzheimer's, ann an dachaighean-cùraim agus àiteachan eile.</li> <li>5. Gabhaidh sinn pàirt ann an tachartasan nàiseanta leithid na Seachdain airson a bhith a' toirt Mothachadh do Sheargadh-inntinn.</li> <li>6. Bidh Gàidhlig mar phàirt de shiostaman nam meadhanan do dh'euslaintich, nithear seo tro cho-obrachadh le Hospedia agus thèid prògraman rèidio Gàidhlig a dhèanamh airson stèisean rèidio an ospadail, feuch am faigh euslaintich a tha ag iarraidh Gàidhlig a chluinntinn no a chleachdadh an cothrom sin a dhèanamh agus feuch am faigh euslaintich sna h-ospadalan blasad dhen Ghàidhlig.</li> <li>7. Ann an sgìrean far an urrainn do co-dhiù 20% dhen t-sluagh Gàidhlig a bhuidhinn no far a bheil sgoiltean Gàidhlig, bithear a' coimhead air Gàidhlig mar sgil a tha na buannachd nuair a thathar a' trusadh luchd-obrach airson dreuchdan ann an cùram sòisealta agus clionaigeach</li> <li>8. Thèid iarraidh air luchd-obrach cunntas a chumail air mar a thèid. Gàidhlig a chleachdadh an lùib cùram clionaigeach agus sòisealta gus am bi fiosrachadh is bun-mheasadh againn a chuidicheas a' bhuidheann le leasachaidhean san àm ri thighinn.</li> </ol>

Ceann-latha Coileanaidh	Dùbhlachd 2026
An urra ri	Katharine Sutton, Prìomh Oifigear, Seirbheisean Dian-chùraim, NHS na Gàidhealtachd Louise Bussell, Prìomh Oifigear Eadar-amail, Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta na Gàidhealtachd Fiona Davies, Prìomh Oifigear, Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta Earra-Ghàidheal is Bhòid

Amas Àrd-ìre	<b>Bidh NHS na Gàidhealtachd a’ gabhail ris gu bheil a’ Ghàidhlig na pàirt bunaiteach den obair aca gus piseach a thoirt air slàinte is math nan coimhearsnachdan aca a’ gabhail a-steach nan seirbheisean teaghlaich is màthaireil aca.</b>
A’ bhuil a thathar a’ miannachadh	Bidh fios aig euslaintich air na seirbheisean Gàidhlig a gheibhear an lùib nan seirbheisean teaghlaich is màthaireil agus air na buannachdan a gheibhear nan cois.
Na tha a’ tachairt an-dràsta	Tha grunn luchd-obrach le Gàidhlig aig NHS na Gàidhealtachd an-dràsta, agus aig seirbheisean a bhios ag obair le coimhearsnachdan is teaghlaichean. Ge-tà, chan eilear ga chomharrachadh ann an dòigh oifigeil gu bheil cuid a sheirbheisean rim faotainn/air an tabhann ann an Gàidhlig.
Gnìomhan a tha a dhìth	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Gheibh sinn a-mach agus nì sinn follaiseach cò na daoine le Gàidhlig a tha ag obair sna seirbheisean teaghlaich (a’ gabhail a-steach seirbheisean cloinne leithid eòlas euslaintean-sùla) agus màthaireil air feadh na buidhne agus obraichidh sinn le càch gus sàr mhodhan-obrach a chur an sàs air feadh sgìre NHS na Gàidhealtachd.</li> <li>2. A’ conaltradh ri Bòrd na Gàidhlig agus luchd-compàirt eile gus na dòighean as buannachdail a chomharrachadh san gabh Gàidhlig fhighhe a-steach do na seirbheisean seo.</li> <li>3. Gheibhear beachdan bho euslaintich agus luchd-cleachdaidh nan seirbheisean air na buannachdan a thig bho bhith a’ cleachdadh Gàidhlig.</li> <li>4. Obraichidh sinn còmhla ri Comann nam Pàrant agus Comhairle nan Leabhraichean gus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan is stuthan Gàidhlig ann do phàrantan le ùidh ann an Gàidhlig no gu bheil bileagan ann a dh’innseas dhaibh càite am faigh iad fiosrachadh mun Ghàidhlig.</li> <li>5. Thèid beachdan a thrusadh bho sheirbheisean sa choimhearsnachd mu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig le euslaintich is luchd-cleachdaidh nan seirbheisean gus cuideachadh le bhith a’ beachdachadh air mar a dh’fhaodar seirbheisean ionadail is coimhearsnachd a leasachadh san àm ri teachd, me, nursaichean coimhearsnachd, seirbheisean dhaibhsan a tha a’ dèanamh mì-fheum de stuthan, cùram sa choimhearsnachd agus ciorraman ionnsachaidh.</li> <li>6. Bidh riochdaire Gàidhlig air na Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd ann an sgìrean buntainneach, mar An t-Eilean Sgitheanach agus Ros an Iar.</li> </ol>
Ceann-latha Coileanaidh	Dùbhlachd 2024
An urra ri	Katharine Sutton, Prìomh Oifigear, Seirbheisean Dian-chùraim, NHS na Gàidhealtachd

	<p>Louise Bussell, Prìomh Oifigear Eadar-amail, Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta na Gàidhealtachd</p> <p>Fiona Davies, Prìomh Oifigear, Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta Earra-Ghàidheal is Bhòid</p>
--	---

## A' TOIRT FÀS AIR IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

<b>Amas Àrd-ìre</b>	<b>Bidh Gàidhlig mar phàirt de dh'obair oideachaidh is fhiosrachaidh sam bith a nì NHS na Gàidhealtachd ann an coimhearsnachdan.</b>
<b>A' bhuil a thathar a' moladh</b>	Nuair as urrainnear, bidh daoine le Gàidhlig an sàs ann an obair oideachaidh is fhiosrachaidh ann an coimhearsnachdan agus thèid fiosrachadh a sgaoileadh gu dà-chànanach.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	An-dràsta, chan eilear a' coimhead air Gàidhlig mar aon de na prìomh phàirtean de dh'obair oideachaidh is fhiosrachaidh taobh a-staigh NHS na Gàidhealtachd.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Bidh sinn ag obair còmhla ri SDS agus buidhnean iomchaidh eile a thaobh a bhith a' frithealadh fhèilltean trusaidh is dhreuchdan agus a thaobh a bhith ag ullachadh airson leithid a dh'fhèilltean, gu h-àraidh a thaobh a bhith an làthair aig an fheadhainn airson luchd-labhairt na Gàidhlig.</li> <li>2. Thèid prògram thachartasan a dhealbhadh a thaobh Gàidhlig agus cùram-slàinte ann an coimhearsnachdan, a' gabhail a-steach a bhith ag obair le sgoiltean is aonadan Gàidhlig.</li> <li>3. A' brosnachadh agus a' toirt taic do sgiobaidhean iomchaidh agus Gàidhlig a chleachdadh an lùib na h-obrach a nì iad ann a bhith a' stiùireadh agus a' toirt thachartasan gu buil, me, An Fhèis Ionnsachaidh, Seachdainean Mothachaidh, le àrdachadh de 10% bho bhliadhna gu bliadhna.</li> </ol>
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 2023
<b>An urra ri</b>	Jennifer Swanson, Ceannard Chomasan

<b>Amas Àrd-ìre</b>	<b>Obraichidh NHS na Gàidhealtachd còmhla ri luchd-solair foghlaim gus slighean Gàidhlig a chruthachadh airson teisteanasan co-cheangailte ri cùram slàinte is sòisealta ann an sgìrean iomchaidh.</b>
<b>A' bhuil a thathar a' moladh</b>	Bidh slighean ionnsachaidh ann dhan fheadhainn aig a bheil Gàidhlig a tha ag iarraidh obair ann an Roinn a' Chùraim Shlàinte is Shòisealta.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Chan eil cùrsaichean sam bith ann an-dràsta ann an cùram slàinte no sòisealta a tha air an ruith a dh'aona-ghnothach airson daoine le Gàidhlig.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Obraichidh sinn còmhla ri SDS gus modal/teisteanas a dhealbhadh ann an Cùram Slàinte agus/no Sòisealta airson daoine aig bheil Gàidhlig.</li> <li>2. Thèid luchd-cùraim le Gàidhlig a lorg agus lìonra dhiubh a stèidheachadh thar sgìrean sònraichte gus am bi grunn dhaoine ann aig am biodh ùidh 's dòcha ann a bhith a' feuchainn leithid a' chùrsa agus e ga dhearbhadh.</li> </ol>

	<ol style="list-style-type: none"> <li>3. Obraichidh sinn còmhla ri Dachaighean-cùraim gus am bi cothroman a bharrachd aig an luchd-chòmhnaidh aca air Gàidhlig a chluinntinn agus a bhruidhinn agus gus plana a dhealbh airson ceòl is bhidiothan Gàidhlig agus cothroman conaltraidh sa chànan a thabhann.</li> <li>4. Obraichidh sinn còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig mar bhuidhinn fhoghlaim gus stuthan ionnsachaidh freagarrach a dhealbh do luchd-labhairt/luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.</li> </ol>
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Cùrsa ga ruith agus ga dhearbhadh airson 2026
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Gareth Adkins, Stiùiriche Dhaoine agus na h-Àrainneachd Obrach</a>

## A' CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

<b>Amas Àrd-ìre</b>	<a href="#">Bidh Gàidhlig mar phàirt de lèirsinn is ro-innleachd NHS na Gàidhealtachd.</a>
<b>A' bhuil a thathar a' moladh</b>	Bidh NHS na Gàidhealtachd air a faicinn mar bhuidhinn far bheil Gàidhlig ga cleachdadh bho latha gu latha.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Tha barrachd mothachaidh ann dhan Ghàidhlig agus thathar a' dèanamh barrachd a thaobh a' chànan sa bhuidhinn, cuideachd tha barrachd luchd-ionnsachaidh a' dèanamh chlasaichean Gàidhlig an-dràsta. Tha Gàidhlig a-nis air a fighe a-steach dhan ro-innleachd 5-bliadhna againn agus bithear a' beachdachadh oirre a thaobh conaltraidh, fastadh agus raointean eile. Bidh artaigil no bhidio Gàidhlig gu tric a' nochdadh a-nis sna brathan is san fhiosrachadh a thèid a sgaoileadh am measg an luchd-obrach uile.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Thèid neach le Gàidhlig fhastadh airson an sgioba Chonaltraidh no thèid com-pàirteachas a chur air dòigh gus an urrainnear conaltradh a dhèanamh gu dà-chànanach, nuair a bhios sin a dhìth.</li> <li>2. Bidh Gàidhlig nas follaisiche taobh a-staigh na buidhne agus sna planaichean againn, agus sinn a' dèanamh làn-fheum den làrach-lìn ùr agus den làrach eadra-lìn Ghàidhlig againn.</li> <li>3. Bidh barrachd cothroman dà-chànanach ann do luchd-obrach, euslaintich agus dhan phoball a thaobh chùisean conaltraidh.</li> <li>4. Bidh Gàidhlig nas follaisiche air feadh na buidhne.</li> <li>5. Cleachdaidh sinn na meadhanan sòisealta gus barrachd dhaoine le Gàidhlig a ruighinn, me, cunntas Instagram sònraichte gus susbaint Ghàidhlig mu chùram slàinte is sòisealta a sgaoileadh.</li> </ol>
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	<a href="#">A' leantainn, bidh an làrach-lìn deiseil ron Dùbhlachd 2024, neach-obrach san sgioba chonaltraidh nuair a bhios feum orra</a>
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh</a>

## Amasan airson Seirbheisean Corporra

INBHE

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>Suaicheantas is Ìomhaigheachd</b> Bidh suaicheantas agus ìomhaigheachd na buidhne ann an Gàidhlig agus Beurla nuair a bhios cothrom ann agus mar phàirt de dh'ùrachadh sam bith a nithear. Bu chòir dhan dà chànan a bhith a cheart cho follaiseach san t-suaicheantas.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Gu ruige seo, chan eil NHS na h-Alba air aonta a chur ri seo agus tha am Bòrd air a thogail leis an Àrd-stiùiriche agus le Rùnaire na Slàinte.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Aonta fhaighinn bho NHS na h-Alba le bhith a' dèanamh tagradh do luchd-dreuchd aig àrd-ìre.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 2023
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Cathraiche a' Bhùird</a> , <a href="#">An t-Àrd-oifigeair agus Ceannard Conaltraidh agus Com-pàirt</a>

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>Soidhnichean</b> Bidh Gàidhlig agus Beurla air soidhnichean follaiseach mar phàirt de dh'obair ùrachaidh sam bith a nithear.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Bithear a' dèanamh soidhnichean dà-chànanach airson leasachaidhean calpa ùra air feadh NHS na Gàidhealtachd, agus am measg nan àiteachan far an do thachair sin o chionn ghoirid tha Ospadal an Àth Leathainn agus Ospadal Coimhearsnachd Bhàideanach is Shrath Spè.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig a h-uile duine a tha ag obair air na toglaichean ùra, bho na ciad ìrean planaidh agus às dèidh sin, gu bheil poileasaidh againn a thaobh soidhnichean dà-chànanach. 2. Gach turas a thathar a' cur suaicheantas ùr air carbadan, no nuair a thathar gan ùrachadh, 's ann dà-chànanach a bhios iad. 3. Obraichidh sinn còmhla ri NHS nan Eilean Siar gus leudachadh air an stòr-dàta de bhriathrachas Gàidhlig a th' ann an-dràsta airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cleachdadh an aon bhriathrachais agus thèid eadar-dhealachaidhean a thaobh dualchainnt aontachadh. 4. Thèid poileasaidh Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd a sgrìobhadh as ùr gus am bi iomradh air soidhnichean na h-Oighreachd.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 25
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Ceannard na h-Oighreachd</a> , <a href="#">Ceannard Conaltraidh</a>

## A' CONALTRADH RIS A' PHOBALL

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>A' Cur na Gàidhlig air Adhart</b> Teachdaireachd bhrosnachail bhuainn gu bheil sinn daonnan a' cur fàilte air conaltradh ann an Gàidhlig a nì am poball rinn.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Thathar a' cur fàilte air beachdan ann an Gàidhlig agus thathar ag ràdh sin air-loidhne.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Teachdaireachdan brosnachail agus togarrach sna meadhanan sòisealta agus sinn ag ràdh gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig. Trèanadh is modhan-obrach do luchd-obrach gus an urrainn dhaibh dèiligeadh ri brathan is fios a gheibh iad sa Ghàidhlig. 2. Obraichidh sinn còmhla ri buidhnean poblach eile gus rannsachadh a dhèanamh air sàr mhodhan-obrach san raon-obrach seo, a thaobh mar as



	urrainnear dèiligeadh ri iarrtasan nuair nach eil Gàidhlig aig tòrr den luchd-obrach. 3. Tachartasan dà-chànanach ann an coimhearsnachdan mar as iomchaidh.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 2024
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Ceannard Conaltraidh, Stiùiriche Dhaoine agus na h-Àrainneachd Obrach</a>

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>Conaltradh Sgrìobhte</b> Thathar daonnan a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig (litricean, post-d agus na meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean Gàidhlig a thoirt seachad a rèir a' phoileasaidh choitchinn.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Tha seo air a dhèanamh soilleir mu thràth air làrach-lìn NHS na Gàidhealtachd agus tha seòladh puist-d Gàidhlig ann airson conaltradh ann an Gàidhlig air am bithear a' cumail sùil agus thèid na brathan a chur air adhart gu neach-obrach iomchaidh.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Cumaidh sinn oirnn ga dhèanamh follaiseach gum faodar conaltradh rinn ann an Gàidhlig.</li> <li>2. Bidh ar foirmichean airson ghearanan agus bheachdan dà-chànanach agus rim faotainn air an làrach-lìn.</li> <li>3. Bidh Gàidhlig nas follaisiche ann an earr-sgrìobhaidhean puist-d.</li> <li>4. Bidh earrainnean sgrìobhaidh a nochdas gu fèin-ghnìomhach, leithid fios-àicheidh an cois puist-d, anns an dà chànan.</li> <li>5. Bithear a' cur na h-ìomhaigheachd aig #cleachdi air adhart gu cunbhalach agus bithear a' brosnachadh luchd-obrach le Gàidhlig gu bhith ga cleachdadh.</li> <li>6. Bidh an teachdaireachd "Faodaidh sibh sgrìobhadh thugainn an seo ann am Beurla no Gàidhlig" nas follaisiche air an duilleig "Cuiribh Fios Thugainn".</li> </ol>
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Ga chur an gnìomh mu thràth, mar sin cumar sùil air agus thèid an àireamh de dh'iarrtasan a chlàradh
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Mirian Mhoireasdan, Manaidsear Leasachaidh airson Riaghladh Clionaigeach</a>

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>Ionadan-fàilte agus am fòn</b> Nuair as urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic gus sin a dhèanamh, agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis dhan phoball.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Tha cuid a luchd-obrach aig ionadan-fàilte aig a bheil Gàidhlig ann an ionadan dhotairean air feadh na sgìre, ach chan eil lìonra no fòram oifigeil ann dhaibh.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. A' toirt taic is a' tabhann trèanadh dhan luchd-obrach uile aig ionadan-fàilte gus an urrainn dhaibh am fòn a fhreagairt ann an Gàidhlig.</li> <li>2. A' toirt taic do luchd-obrach a tha a' conaltradh ri luchd-cleachdaidh nan seirbheisean nuair nach eil na sgilean aca gus cumail orra sa Ghàidhlig.</li> <li>3. A' brosnachadh luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig gus a' Ghàidhlig aca a chleachdadh le misneachd agus sinn a' toirt bhidiothan seachad le stiùireadh a thaobh dhòighean-conaltraidh freagarrach.</li> <li>4. Thèid buidheann de luchd-obrach le Gàidhlig, a tha ag obair ann an ionadan dhotairean agus aig ionadan-fàilte, a stèidheachadh gus beachdan is sàr mhodhan-obrach a cho-roinn.</li> </ol>
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Ògmhios 2024

An urra ri	Jennifer Swanson, Ceannard Chomasan
A' bhuil a thathar a' miannachadh	<b>Coinneamhan poblach</b> Bithear gu cunbhalach a' coimhead air agus a' cur air adhart nan cothroman a th' ann gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Chaidh coinneamhan dà-chànanach a chumail nuair a bha e freagarrach, mar eisimpleir: na planaichean airson Ospadal an Àth Leathainn agus a' cho-chomhairle air an treas eagan de Phlana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd.
Gnìomhan a tha a dhìth	1. Thèid beachdachadh air na cothroman a th' ann tachartasan a chumail gu dà-chànanach aig ìre thràth sa phròiseas phlanaidh, tro cho-obrachadh leis an Sgioba Chonaltraidh is Chom-pàirt. 2. Thèid barrachd choinneamhan a chumail gu dà-chànanach.
Ceann-latha Coileanaidh	Dùbhlachd 24
An urra ri	Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt

#### FIOSRACHADH

A' bhuil a thathar a' miannachadh	<b>Brathan-naidheachd</b> Thèid brathan-naidheachd le naidheachdan mòra no le naidheachd a bhuineas dhan Ghàidhlig fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Chaidh brathan-naidheachd a sgaoileadh ann an sgìrean sònraichte, ach thèid brathan-naidheachd dà-chànanach a sgaoileadh gu barrachd sgìrean.
Gnìomhan a tha a dhìth	1. Thig àrdachadh bho bhliadhna gu bliadhna air an àireimh de bhrathan-naidheachd dà-chànanach a thèid a sgaoileadh agus thèid an sgaoileadh gu barrachd sgìrean, a' gabhail a-steach nan sgìrean seo: An t-Òban agus na h-Eileanan, An t-Eilean Sgitheanach, Ratharsair agus Ros an Iar. Feumar cuimhneachadh cuideachd nach eilear a' sgaoileadh uiread de bhrathan-naidheachd 's a bhathar a' sgaoileadh ron seo.
Ceann-latha Coileanaidh	A' leantainn le aithris air seo gach bliadhna
An urra ri	Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt

A' bhuil a thathar a' miannachadh	<b>Na Meadhanan Sòisealta</b> Thèid susbaint Ghàidhlig a sgaoileadh gu cunbhalach sna meadhanan sòisealta, agus bidh an uiread 's a thathar a' sgaoileadh a rèir na th' ann agus na dh'fhaodadh a bhith ann de luchd-cleachdaidh.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Cha deach mòran Gàidhlig a chleachdadh sna meadhanan sòisealta ron seo.
Gnìomhan a tha a dhìth	1. Cruthaichidh sinn àite dhan Ghàidhlig sna meadhanan sòisealta air an Instagram aig NHS na Gàidhealtachd, agus sinn ag amas air daoine nas òige. 2. Cruthaichidh sinn plana airson bhrathan is iomairtean dà-chànanach sna meadhanan sòisealta ann an co-bhonn ris an Sgioba Chonaltraidh is Chom-pàirt againn. 3. A' fastadh, no a' pàigheadh airson sheirbheisean bho, neach-taice conaltraidh le Gàidhlig.

	4. Ag ullachadh 30 brath dà-chànanach air-loidhne gach bliadhna, le diofar sheòrsacihean susbaint, me, brathan-conaltraidh, cuspairean fon phrosbaig, bhidiothan
Ceann-latha Coileanaidh	Iuchar 24
An urra ri	<a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt</a>

A' bhuil a thathar a' miannachadh	<b>An làrach-lìn</b> Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri faotainn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, gu h-àraidh air na duilleagan air am faodadh an àireamh as motha de dhaoine tadhal.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Chan eil mòran iomraidh air a' Ghàidhlig air an t-seann làrach-lìn ach a-mhàin fiosrachadh dhan phoball air mar a dh'fhaodas iad fios a chur chun na buidhne ann an Gàidhlig agus beagan fhoirmichean dà-chànanach.
Gnìomhan a tha a dhìth	1. Aontaichidh sinn plana airson an làraich-lìn ùir far am bi uiread iomchaidh de shusbaint Ghàidhlig, a' gabhail a-steach nan duilleagan is nan clàran-iùil as follaisiche, agus earrainn shònraichte dhan Ghàidhlig.
Ceann-latha Coileanaidh	Iuchar 24
An urra ri	<a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt</a>

A' bhuil a thathar a' miannachadh	<b>Stuthan Foillsichte Corporra</b> Air am foillseachadh ann an Gàidhlig is Beurla le prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireamh as motha de dhaoine.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Tha Gàidhlig air a bhith mar phàirt de chuid a sgrìobhainnean corporra leithid Cùram Còmhla, Leatsa, Dhutsa – sgrìobhainn le ro-innleachd 5-bliadhna. Ge-tà, chan eil e mar nì àbhaisteach fhathast a bhith a' beachdachadh air Gàidhlig nuair a thathar ag ullachadh airson sgrìobhainnean corporra a sgrìobhadh.
Gnìomhan a tha a dhìth	1. Poileasaidh aontachadh a thaobh stuthan foillsichte corporra san dà chànan, le stiùireadh air cuin, carson agus dè cho tric 's a bhios sin freagarrach. Bidh am poileasaidh seo stèidhichte air a' phrionnsapal gum bu chòir an aon spèis a nochdadh dhan Ghàidhlig 's a thathar a' nochdadh dhan Bheurla.
Ceann-latha Coileanaidh	Cèitean 24
An urra ri	<a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt</a>

A' bhuil a thathar a' miannachadh	<b>Cànan freagarrach</b> Bidh modhan-obrach ann a nì cinnteach nuair a bhios Gàidhlig air a cleachdadh an lùib fiosrachaidh chorporra gur e deagh Ghàidhlig a bhios ann a ghabhas tuigsinn.
Na tha a' tachairt an-dràsta	Thathar a' cur air dòigh eadar-theangachaidhean oifigeil mu thràth tro bhuidhnean proifeiseanta airson dèanamh cinnteach gun cleachdar Gàidhlig cheart. Bithear a' cleachdadh Ainmean-Àite na h-Alba airson fiosrachadh ceart mu ainmean-àite agus bithear a' cumail ris an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig ann an eadar-theangachaidhean. Nuair

	a thathar a’ cleachdadh dreach ionadail de dh’fhacal no ainm-àite, thèid sin a chleachdadh gu cunbhalach.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Cumaidh sinn oirnn a’ dèanamh cinnteach gum bi an t-eadar-theangachadh a nithear dhuinn cunbhalach agus math.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Tha seo a’ tachairt mu thràth agus a’ leantainn.
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt</a>

<b>A’ bhuil a thathar a’ miannachadh</b>	<b>Taisbeanaidhean</b> Bu chòir, mar chleachdadh cunbhalach, coimhead air na cothroman a th’ ann taisbeanaidhean poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig agus sinn a’ toirt prìomhachas dha na cothroman a dh’fhaodadh am feum as motha a dhèanamh a thaobh a’ chànan.
<b>Na tha a’ tachairt an-dràsta</b>	Chan eil taisbeanaidhean sònraichte ann ach bithear a’ cumail choinneamhan poblach, co-labhairtean agus fèilltean dhreuchdan ann am Beurla a-mhàin an-dràsta.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Bidh Gàidhlig mar phàirt de na ceumannan planaigh airson prìomh thachartasan freagarrach leithid Fèill an Ionnsachaidh Dhùthchail is Iomallaich no An t-Seachdain Nàiseanta airson Seargadh-inntinn, far a bheil ceangal sònraichte aig a’ Ghàidhlig ris an tachartas/cuspair. 2. Nithear cinnteach gum bi cothroman Gàidhlig mar phàirt de ro-innleachdan airson trusaidh, dhreuchdan agus leantalachd dhreuchdan airson thachartasan.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 24
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Jennifer Swanson, Ceannard Chomasan</a> <a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt</a>

## LUCHD-OBACH

<b>A’ bhuil a thathar a’ miannachadh</b>	<b>In-sgrùdadh</b> Nithear sgrùdadh air sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh ar luchd-obrach rè ùine gach plana.
<b>Na tha a’ tachairt an-dràsta</b>	<a href="#">Chaidh an sgrùdadh mu dheireadh a dhèanamh rè ùine an dàrna eagrain dhen phlana agus sgaoil sinn ceisteachan ùr san t-Sultain 2022.</a>
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Nithear co-dhiù aon sgrùdadh eile rè ùine a’ phlana. 2. Thèid “comas Gàidhlig a bhruidhinn” a chur ri foirmichean airson luchd-obrach ùra gus an urrainnear dàta a chruinneachadh agus a chleachdadh air adhbharan leasachaidh agus airson aithrisean do Bhòrd na Gàidhlig.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 25 (airson an dàrna sgrùdadh air a’ phlana seo).
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Gareth Adkins, Stiùiriche Dhaoine is na h-Àrainneachd Obrach</a>

<b>A’ bhuil a thathar a’ miannachadh</b>	<b>Inntrigeadh</b> Bidh e mar phàirt den trèanadh inntrigidh a gheibh luchd-obrach ùra eòlas a chur air Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich.
--	---

Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Tha iomradh an-dràsta air a' Phlana Ghàidhlig sna stuthan inntrigidh. Cuideachd, tha iomradh air a' mhodal le Fiosrachadh mun Ghàidhlig airson an luchd-obrach ùra uile agus an luchd-obrach a th' ann a-cheana.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Nithear cinnteach gu bheil ceangal sna stuthan inntrigidh a bheir luchd-obrach ùra chun a' Phlana Ghàidhlig air eadra-lìon NHS na Gàidhealtachd. 2. Thèid liosta de dh'abairtean feumail ann an Gàidhlig a chruthachadh air eadra-lìon NHS na Gàidhealtachd.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 23
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Gareth Adkins, Stiùiriche Dhaoine is na h-Àrainneachd Obrach</a>

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>Trèanadh cànan</b> Bithear a' tabhann trèanadh ann an sgilean Gàidhlig agus cothroman na sgilean sin a leasachadh dhan luchd-obrach, gu h-àraidh a thaobh na tha a dhìth gus Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich a chur an gnìomh.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Tha clasaichean Gàidhlig gan cumail an-dràsta agus tha mu fhichead neach-obrach a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig mar luchd-obrach NHS na Gàidhealtachd tro chom-pàirteachasan a th' againn le Comhairle na Gàidhealtachd agus an t-Ionad Gàidhlig ann an Ìle, Ionad Chaluum Chille Ìle.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Cruthaichidh sinn slighean soilleir do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh. 2. Obraichidh sinn còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, air feumalachdan trèanaidh sònraichte agus Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach. 3. Nithear sanasachd air na cùrsaichean Gàidhlig airson an àite-obrach a tha Oilthigh Obar Dheathain a' ruith.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 24.
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Gareth Adkins, Stiùiriche Dhaoine is na h-Àrainneachd Obrach</a>

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig</b> Thèid trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig a thabhann dhan luchd-obrach, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill a' Bhùird agus luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball.
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Chaidh modal le Fiosrachadh mun Ghàidhlig a chur ris na modalan inntrigidh aig NHS na Gàidhealtachd, air am faigh a h-uile neach-obrach cothrom.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Nithear barrachd conaltraidh ri daoine mun mhodal agus brosnachidh Ceannardan Sgiobaidhean luchd-obrach ùra gus crìoch a chur air an trèanadh. 2. Thèid na modalan le Fiosrachadh mun Ghàidhlig a chur ris na stuthan inntrigidh agus planaichean trèanaidh airson buill a' Bhùird.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 2023.
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Gareth Adkins, Stiùiriche Dhaoine is na h-Àrainneachd Obrach</a> <a href="#">Ruth Daly, Rùnaire a' Bhùird</a>

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<b>Trusadh Luchd-obrach</b> Bheirear aithne agus spèis do sgilean Gàidhlig sna modhan-trusaidh air feadh
--	---

	<p>an ùghdarras phoblach.</p> <p>Bidh Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus / no a tha na buannachd ann an tuairisgeulan-obrach airson obraichean gus am Plana Gàidhlig a choileanadh agus a rèir stiùireadh trusaidh bho Bhòrd na Gàidhlig. Bidh sanasan-obrach airson a h-uile dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach san dà chànan no ann an Gàidhlig a-mhàin.</p>
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Tha Gàidhlig air a h-ainmeachadh mu thràth mar sgil a tha na buannachd dhan dreuchd, Am Manaidsear Eadar-lìn. Ge-tà, chan eil dreuchdan ann an-dràsta far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach. Bithear a' foillseachadh shanasan dà-chànanach san Eilean Sgitheanach, Ratharsair agus Ros an Iar.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	<ol style="list-style-type: none"> <li>1. Bidh Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil a tha na buannachd airson a h-uile dreuchd a tha sna sgìrean seo: An t-Òban agus na h-Eileanan, An t-Eilean Sgitheanach, Ros an Iar agus Ratharsair.</li> <li>2. Cumaidh sinn oirnn a' foillseachadh shanasan dà-chànanach sna sgìrean sin.</li> <li>3. Bidh Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach airson an neach-obrach Ghàidhlig san sgioba chonaltraidh.</li> <li>4. Thèid "Tha NHS na Gàidhealtachd a' cur fàilte air iarrtasan bho dhaoine aig a bheil Gàidhlig" anns gach sanas-obrach airson NHSG.</li> </ol>
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	Dùbhlachd 2024
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Jennifer Swanson, Ceannard Chomasan</a>

## CORPAS NA GÀIDHLIG

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<p><b>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</b></p> <p>Bithear a' cumail ri stiùireadh an tionndaidh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC 3) anns na stuthan sgrìobhte uile a dh'fhoillsicheas an t-ùghdarras poblach.</p>
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Thathar a' dèanamh seo agus cumaidh sinn oirnn.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Cumaidh sinn oirnn a' fastadh eadar-theangairean freagarrach a tha a' cumail ri GOC 3.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	A' leantainn.
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt</a>

<b>A' bhuil a thathar a' miannachadh</b>	<p><b>Ainmean-àite</b></p> <p>Iarrar is gabhar ri comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba a thaobh ainmean-àite Gàidhlig.</p>
<b>Na tha a' tachairt an-dràsta</b>	Thathar a' cleachdadh ainmean-àite mu thràth a rèir an fhiosrachaidh a gheibhear ann an stòr-dàta Ainmean-Àite na h-Alba. Nuair nach fhaighear ainmean-àite an sin, bidh eadar-theangairean le sgìlean freagarrach a' dèanamh cinnteach gun dèanar co-dhùnaidhean iomchaidh.
<b>Gnìomhan a tha a dhìth</b>	1. Cumaidh sinn oirnn leis na modhan-obrach seo.

## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

	2. Cuirear ris an stòr-dàta a th' againn an-dràsta de dh'ainmean-àite agus ainmean airson toglaichean is làraichean.
<b>Ceann-latha Coileanaidh</b>	A' leantainn.
<b>An urra ri</b>	<a href="#">Alan Wilson, Ceannard na h-Oighreachd</a> <a href="#">Ruth Fry, Ceannard Conaltraidh</a>

## 4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM CHOILEANAIDH NÀISEANTA

Tha sinn a' toirt ar làn-thaic do bhuilean nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus nì sinn cinnteach gun cuidich ar n-obair leis na h-amasan na leanas:

- cothroman dhan a h-uile duine
- math nan daoine a tha a' fuireach ann an Alba a' dol am meud
- fàs a tha seasmhach agus in-ghabhalach
- nas lugha neo-ionannachd agus an aon chuideam ga chur air adhartas eaconamach, sòisealta agus a thaobh na h-àrainneachd

San ro-innleachd 5-bliadhna againn fhìn, **Cùram Còmhla**, a fhuair aonta o chionn ghoirid, tha 20 buil (NHS) agus geallaidhean a bharrachd, as urrainn a chur mu choinneimh builean nàiseanta Riaghaltas na h-Alba (RnA). Tha na h-amasan is builean a chithear ann an Earrainn 3 a' sealltainn mar a tha an taic a tha NHS na Gàidhealtachd a' cur ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig cuideachd a' togail air na builean nàiseanta, farsaing sin.

## 5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN IONADAIL AGUS SGÌREIL

### Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta na Gàidhealtachd (Modail Phrìomh Bhuidhnean)

Tha Com-pàirteachas na Gàidhealtachd a' gabhail a-steach sgìre Comhairle na Gàidhealtachd. Tha an sluagh air a roinn ann an dòigh an ìre mhath co-ionann thar bhailtean nas motha, bailtean beaga, sgìrean dùthchail agus sgìrean fìor dhùthchail. Taobh a-muigh na sgìre far a bheil Inbhir Nis agus Ceann Ìochdarach Linne Mhoireibh, tha grunn phrìomh bhailtean is àiteachan ann, leithid Inbhir Ùige is Inbhir Theòrsa sa cheann a tuath, An Gearasdan san iar-dheas, An t-Eilean Sgitheanach air an taobh an iar, An Aghaidh Mhòr aig deas agus Inbhir Narann air an taobh an ear.

Tha na h-àiteachan sin nam bailtean, no na àite, ionadail le seirbheisean do sgìrean farsaing dùthchail a tha a' còmhdach a' mhòr-chuid den sgìre. 'S e NHS na Gàidhealtachd A' Phrìomh Bhuidheann airson Seirbheisean Slàinte is Cùraim Aonaichte do dh'Inbhich, agus 's e Comhairle na Gàidhealtachd a' phrìomh bhuidheann airson Seirbheisean Slàinte is Cùraim Aonaichte do Chloinn.

Tha ceithir sgìrean stiùiridh ann airson NHS na Gàidhealtachd agus seirbheisean cloinne Comhairle na Gàidhealtachd, agus tha naodh Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd ionadail ann. Tha riaghladh a' chom-pàirteachais air a stiùireadh leis a' Cho-chomataidh Sgrùdaidh air a bheil riochdairean bhon dà phrìomh bhuidhinn, an Treas Roinn, luchd-compàirt neo-eisimeileach, luchd-cleachdaidh nan seirbheisean agus luchd-cùraim. Tha an luchd-compàirt seo air an riochdachadh an lùib mhodhan planaidh is riaghlaidh.

Tha Planaichean Gàidhlig aig tòrr de na riochdairean bho na Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd agus tha sin a' cruthachadh cothroman agus obrachadh còmhla air leasachaidhean Gàidhlig. Am measg nan cothroman as ùire a bh' ann bha clasaichean airson luchd-obrach bho Chomhairle na Gàidhealtachd agus NHS na Gàidhealtachd a bha airson Gàidhlig ionnsachadh no na sgìlean Gàidhlig aca a leasachadh. B' e eisimpleir eile, a' co-roinn mhodalan le Fiosrachadh mun



## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

Ghàidhlig airson luchd-obrach NHS na Gàidhealtachd, tro cho-obrachadh le Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba.

### Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta Earra-Ghàidheal is Bhòid (Co-bhòrd Com-pàirteach)

'S e Co-bhòrd Com-pàirteach Earra-Ghàidheal is Bhòid a' bhuidheann phoblach a bhios a' cumail sùil air agus a' toirt stiùireadh ro-innleachdail do sheirbheisean aonaichte air feadh Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tron Chom-pàirteachas Chùraim Shlàinte is Shòisealta, tha NHS na Gàidhealtachd a' dèanamh cinnteach gun tèid seirbheisean cùraim-shlàinte sàbhailte agus èifeachdach a thoirt seachad ann an co-bhonn ri Seirbheisean Cùraim Shòisealta na Comhairle. Tha seo cuideachd a' faighinn taic bho sgeama aonachaidh com-pàirteach a bhios a' comharrachadh nan aontaidhean com-pàirteach.

Tha a h-uile seirbheis NHS air a tiomnadh gu bhith fo ùghdarras Co-bhòrd Com-pàirteach Earra-Ghàidheal is Bhòid

Tha an sgìre air a roinn nan ceithir fo-sgìrean:

- An t-Òban, Latharna agus na h-Eileanan (a' gabhail a-steach Ospadal Coitcheann Dùthchail Latharna agus nan Eilean san Òban)
- Meadhan Earra-Ghàidheal, Cinn Tìre agus Ìle
- Comhghall agus Bòd
- Baile Eilidh agus Sgìre Laomainn

Tha Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta Earra-Ghàidheal is Bhòid cuideachd a' stiùireadh nan seirbheisean corporra aca fhèin. Chuir Co-bhòrd Com-pàirteach (CC) Earra-Ghàidheal is Bhòid aonta, sa Chèitean 2022, ri Co-phlana Ro-innleachdail agus Co-phlana Barantachaidh Ro-innleachdail airson 3 bliadhna a tha a' stèidheachadh lèirsinn, cinn-uidhe ro-innleachdail agus prìomhachasan a stiùireas an obair gus seirbheisean slàinte agus cùraim shòisealta a dhealbh airson nam bliadhnaichean ri teachd. Tha grunn raointean ann far a bheil CC Earra-Ghàidheal is Bhòid ag obair còmhla ri NHS na Gàidhealtachd agus bheirear iomradh orra sin agus nithear planaichean air an son gach bliadhna sa Phlana Choileanaidh Bhliadhnail againn.

'S e eisimpleir eile de cho-obrachadh a rinneadh o chionn ghoirid le luchd-compàirt ionadail, grunn chlasaichean Gàidhlig a chaidh a chur air dòigh san Ionad Ghàidhlig ann an Ìle, mar ghoireas air-loidhne do luchd-obrach bhon dà Bhòrd.

## 6. FOILLSEACHADH

### TAOBH A-STAIGH NA BUIDHNE

Thathar air a bhith a' sgaoleadh fios mun Phlana Ghàidhlig a-rithist thar nam mìosan a dh'fhalbh sa Chuairt-litir Sheachdaineach a bhithear a' sgaoleadh am measg an luchd-obrach air fad. Cuideachd, tha sianalan Teams ann airson Chùisean Ghàidhlig agus tha làrach eadra-lìn ùr ann do luchd-obrach a tha a dh'aona-ghnothach airson fiosrachadh Ghàidhlig. Cuideachd, tha fios mun Phlana Ghàidhlig mar phàirt dhen trèanadh inntigridh aig luchd-obrach le iomradh ga thoirt air a' Mhodal le Fiosrachadh

## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

mun Ghàidhlig, a tha ri fhaotainn ann an TURAS, ar goireas ionnsachaidh air-loidhne. Bheirear iomradh sònraichte air raointean fa leth den Phlana Ghàidhlig a rèir dè an obair a thathar a' cur an gnìomh. Cuideachd, bidh Geàrr-chunntasan bho choinneamhan Buidheann Coileanaidh a' Phlana Ghàidhlig rim faotainn air na duilleagan Gàidhlig air eadra-lìon an luchd-obrach agus thèid a' Bhuidheann a stèidheachadh as ùr nuair a thèid aontachadh ris a' phlana seo.

### TAOBH A-MUIGH NA BUIDHNE

Thèid ar Plana Gàidhlig fhoillseachadh ann an Gàidhlig is Beurla air ar làrach-lìn.

Cuideachd, nì sinn na leanas: -

- thèid brath-naidheachd dà-chànanach a sgaoileadh le fios mun phlana
- thèid sanasachd a dhèanamh air a' phlana tro dhiofar mheadhanan sòisealta
- thèid lethbhreacan didseatach dheth a chur gu buidhnean leth-cheangailte agus buidhnean eile a tha nan treas partaidh, a' mìneachadh nan dleasan aca ann a bhith a' coileanadh a' phlana
- thèid lethbhreacan didseatach dhen phlana a chur gu prìomh luchd-ùidhe sna roinnean poblach is prìobhaideach agus san treas roinn
- thèid lethbhreacan didseatach dhen phlana a chur gu buidhnean Gàidhlig agus buidhnean eile aig am biodh ùidh ann
- bheirear lethbhreacan pàipeir seachad nuair a thèid sin iarraidh

## 7. A' CUR A' PHLANA AN GNÌOMH

Thèid a' mhòr-chuid dhen phlana a chur an gnìomh le bhith a' cleachdadh nan stòrasan a th' ann mu thràth tro bhuidseatan diofar roinnean leithid: An Oighreachd, Conaltradh is Com-pàirt agus Leasachadh Luchd-obrach. Thèid seirbheisean sam bith a bheir eadar-theangairean seachad a libhrigeadh san aon dòigh a thachras le seirbheisean eadar-theangachaidh sam bith eile. Cha bhi cosgais sam bith no mòran cosgais ann airson tòrr ghnìomhan, ach bidh aig luchd-obrach no luchd-stiùiridh ri ùine a chosg orra.

## 8. A' CUMAIL SÙIL AIR A' PHLANA

Ullaichidh Buidheann Coileanaidh a' Phlana Ghàidhlig aithisg adhartais bliadhna dhan Bhòrd Stiùiridh, a thèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna.

## 9. AM PLANA TAOBH A-STAIGH NHS NA GÀIDHEALTACHD

### An t-uallach farsaing airson a' phlana

Tha am Bòrd agus na Stiùirichean Dreuchdail air aonta a chur ris an eagran seo dhen Phlana. 'S ann air Àrd-oifigear NHS na Gàidhealtachd a tha an t-uallach deireannach gus am Plana seo a choileanadh; an-dràsta, sin Pamela Dudek. 'S e Stiùiriche Dhaoine agus na h-Àrainneachd Obrach an neach-dreuchd aig àrd-ìre ris a bheil e an urra, aig ìre obrach, stiùireadh a thoirt do mar a thèid am Plana Gàidhlig againn

## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

ullachadh, a choileanadh agus a sgrùdadh; sin Gareth Adkins an-dràsta. Tha cunnradair airson taic le Gàidhlig a' cuideachadh an-dràsta le bhith a' coileanadh agus a' cur a' phlana an gnìomh. Thathar ag innse do luchd-obrach mu na dleastanasan aca tro bhrathan conaltraidh, coinneamhan agus còmhraidhean leis na manaidsearan aca. Bu chòir ceistean mun phlana a chur ann am post-d gu bogsa puist-d airson na Gàidhlig, chun an t-seòlaidh [nhsh.gaelic@nhs.scot](mailto:nhsh.gaelic@nhs.scot)

### Buidheann Coileanaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig

Thèid Buidheann Coileanaidh a' Phlana Gàidhlig a stèidheachadh as ùr nuair a gheibh an t-eagran seo dhen phlana aonta agus bidh iad a' stiùireadh coileanadh a' Phlana Ghàidhlig agus an t-adhartas a nithear leis.

Bidh raon-ùghdarrais agus ballrachd na buidhne mar a leanas:

### Raon-ùghdarrais

'S i Buidheann Coileanaidh a' Phlana Gàidhlig a' prìomh bhuidheann ris a bheil e an urra sùil a chumail air agus sgrùdadh a dhèanamh air Plana Gàidhlig NHS na h-Alba agus air gnìomhachd sam bith co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.

### Prìomh Dhleastanasan na Buidhne

- Sùil a chumail air coileanadh Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd agus air adhartas leis a' phlana sin.
- Aithris a dhèanamh do Bhòrd NHS na Gàidhealtachd agus do Bhòrd na Gàidhlig, às leth a' Bhùird, gach bliadhna agus nuair a thèid iarraidh.
- Thar-sgrùdadh a dhèanamh air gnìomhachd co-cheangailte ri Gàidhlig sa bhuidhinn.
- Breithneachadh a dhèanamh air sgrìobhainnean agus fiosrachadh poblach eile a thèid ullachadh airson luchd-obrach, euslaintich agus luchd-ùidhe eile agus nithear molaidhean freagarrach a rèir a' bhreithneachaidh sin.
- A' coinneachadh gach bliadhna ri luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig gus sùil a thoirt air adhartas a thaobh a' Phlana Ghàidhlig agus gus fiosrachadh ùr is buntainneach fhaighinn agus a thoirt seachad.
- Bidh Buidheann Coileanaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig (BCPG-NHS) a' dèanamh aithris, sa chiad dol a-mach, do Bhuidheann nan Stiùirichean Dreuchdail. Nithear aithris do bhuidhnean is comataidhean eile nuair a thèid sin iarraidh.

### Cho tric 's a bhios coinneamhan is aithisgean ann

Bidh Buidheann Coileanaidh a' Phlana Ghàidhlig a' coinneachadh co-dhiù ceithir tursan sa bhliadhna sa chiad dol a-mach. Thèid coinneamhan a chur air dòigh le Roinn Dhaoine is na h-Àrainneachd Obrach.

### Ballrachd

#### *Cathraiche*

Stiùiriche Dhaoine is na h-Àrainneachd Obrach, Gareth Adkins

#### *Buill*

## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

Ceannard Conaltraidh is Com-pàirt

Ceannard Chomasan

Riochdairean aig ìre Stiùiriche bho:

- Seirbheisean màthaireil no teaghlaich
- Seirbheisean seargadh-inntinn
- Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta na Gàidhealtachd
- Com-pàirteachas Cùram Slàinte is Sòisealta Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Slàinte a' Phobaill
- An Oighreachd is Goireasan
- Foghlam, Ionnsachadh agus Leasachadh
- Luchd-obrach

Buidhnean leth-cheangailte agus buidhnean eile a tha nan treas partaidh

Thèid innse dhan fheadhainn a bhios a' toirt seachad sheirbheisean/bathar às leth NHS na Gàidhealtachd mu mar a tha sinn air cur romhainn Plana Gàidhlig a choileanadh agus sinn a' toirt iomradh air sin nuair a tha sinn a' sireadh thairgsean no a' toirt seachad chùmhnanntan airson sheirbheisean/bathar. Nithear sin mar dheagh mhodh-obrach.

## EÀRR-RÀDH 1: SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH

Bha cothrom aig a h-uile neach-obrach aig NHS na Gàidhealtachd pàirt a ghabhail san sgrùdadh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach san Dàmhair 2022. Fhuaras 85 freagairtean, tha sin gu math nas ìsle na an sgrùdadh mu dheireadh ann an 2016 (582 freagairtean), ach beagan nas àirde na a' chiad fhear ann an 2012 (73 freagairtean). Tha an sampall ro bheag airson slat-tomhais cheart a bhith againn no airson coimeas èifeachdach a dhèanamh eadar sgrùdaidhean, agus thèid sgrùdadh eile a dhèanamh rè ùine a' Phlana seo. Bu chòir cuimhneachadh gun deach an sgrùdadh air comasan Gàidhlig a dhèanamh aig an aon àm ris a' cho-chomhairleachadh phoblach agus ri suirbhidhean NHS eile. Dh'fhaodadh gun tug sin buaidh air cùisean, sin agus na diofar uallaichean is eallaichean fo bheil luchd-obrach NHS ag obair an-dràsta air feadh sgìre a' Bhùird Shlàinte.

Seo geàrr-iomradh air na toraidhean:

Bha comas air choreigin ann an Gàidhlig aig 41% dhen fheadhainn a fhreagair, agus b' urrainn 8% còmhradh a chumail no bha iad fileanta.

Bha ùidh aig 57% dhen fheadhainn a fhreagair ann a bhith a' faighinn trèanadh ann an sgilean Gàidhlig no ann an seiseanan fiosrachaidh mun chànan, ged nach robh ach 2% den fheadhainn a fhreagair air sin a dhèanamh mar phàirt dhen obair aca.

Tha e na adhbhar misneachd gu bheil cuid a dhaoine nach eil fileanta fhathast deònach is toilichte na th' aca dhen chànan a chleachdadh le luchd-obrach agus euslaintich:

### Eisimpleirean de dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig taobh a-staigh NHS na Gàidhealtachd

*"Bidh mi a' faighneachd de dh'euslaintich, a bheil Gàidhlig aca, agus ma tha, nì mi còmhradh sìmplidh riutha. Chan eil a' Ghàidhlig agam math gu leòr airson cumail orm fad na h-ùine a tha mi còmhla riutha."*

*"Gus am bi na h-euslaintich a' faireachdainn nas cofhurtaile agus gus càirdeas a thogail leotha."*

*"Nuair a tha fios agam gu bheil Gàidhlig aig co-obraiche, cuiridh mi fàilte orra sa Ghàidhlig."*

*"Bidh mi a' cleachdadh beagan Gàidhlig leis a h-uile pàiste a tha ann am Foghlam tron Ghàidhlig nuair a tha iad anns a' chlionaig. Gu math tric bidh fios agam gu bheil iad ann am FtG air sàillibh gu bheil èideadh sgoile orra, ach uaireannan gheibh mi a-mach bho bhith a' bruidhinn riutha no 's dòcha gum bi mi eòlach air an teaghlach mu thràth."*

Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

“Tha mi eòlach air co-obraiche no dhà aig a bheil Gàidhlig agus bidh sinn ga cleachdadh beagan ach cha bhi airson còmhraidhean fada.”

“Bidh seann euslaintich, aig an robh Gàidhlig bho thùs, a’ bruidhinn rium ann an Gàidhlig agus tuigidh mi na tha iad ag iarraidh agus na tha dhith orra.”

“Bidh luchd-tadhail a’ bruidhinn rium ann an Gàidhlig, bidh agus co-obraichean. Bidh sinn a’ feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart nar beatha làitheil...”

“Tha aon cho-obraiche agam fileanta agus tha neach-obrach eile na neach-ionnsachaidh a tha gu math deònach an cànan a chleachdadh, mar sin tha sinn air Gàidhlig a chleachdadh aig na coinneamhan againn corra uair.”

**Chaidh fhaighneachd den luchd-obrach mu na beachdan aca san fharsaingeachd mu chleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne agus cho follaiseach 's a tha an cànan taobh a-staigh na buidhne:**

### **A' CLEACHDADH NA GÀIDHLIG**

Fhuaras measgachadh de bheachdan a thaobh a bhith a’ Cleachdadh na Gàidhlig, ga Cur air Adhart agus ga Dèanamh Follaiseach. Bha an fheadhainn nach robh a’ toirt taic dhan Phlana Ghàidhlig dhen bheachd nach bu chòir airgead a chosg air a’ Ghàidhlig, nuair a tha na th’ ann de dhùbhlain is prìomhachasan eile ann ris am feum an NHS dèiligeadh; tha Beurla aig a h-uile duine aig a bheil Gàidhlig agus bha draghan ann a thaobh na dh’fhaodadh tachairt do sheirbheisean a thathar a’ tabhann ann an cànanan eile a tha a’ cheart cho cudromach, no nas cudromaiche buileach fiù ’s. Ge-tà, chuir an fheadhainn a bha a’ toirt taic dhan Phlana fàilte air agus air na cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh barrachd. Bha cuid a’ smaoinichadh gun robh e nas cudromaiche buileach do luchd-obrach aig a bheil ceangal ri coimhearsnachdan is sgoiltean-àraich nan obair. Bha iad a’ faireachdainn leis a’ phlana Ghàidhlig san àite-obrach aca gun robhar a’ cur diù annta mar luchd-obrach agus iad air am brosnachadh gu bhith ag ionnsachadh agus a’ cleachdadh Gàidhlig sam bith a bh’ aca.

### **A' DÈANAMH NA GÀIDHLIG FOLLAISEACH**

Bha measgachadh de bheachdan ann a thaobh a’ Ghàidhlig a bhith follaiseach, le cuid a’ cur fàilte air mar a chaidh a’ Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche taobh a-staigh na buidhne san 12 mìos a dh’fhalbh, ach bha daoine eile ann nach robh air mothachadh dha dad ann an Gàidhlig. Bha feadhainn eile ann a bha dhen bheachd nach fheumar a’ Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche, thoradh, faodaidh

### Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

duine sam bith aig a bheil Gàidhlig seirbheisean fhaotainn ann am Beurla. Chuir na daoine, aig an robh beachdan taiceil a thaobh na Gàidhlig, fàilte air mar a bha a' Ghàidhlig nas follaisiche, oir bha iad a' faireachdainn gun robhar a' cur diù annta. Bha obair a dhìth fhathast a thaobh rudan sìmplidh mar a' comharrachadh cò na h-euslaintich agus an luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig. Am measg nam molaidhean sìmplidh gus an cànan a dhèanamh nas follaisiche, bha postairean le fiosrachadh ann an seirbheisean màthaireil agus clionaigean teaghlaich. Bha a' mhòr-chuid a' smaoinichadh gun gabhadh barrachd a dhèanamh gus a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche.

## EÀRR-RÀDH 2: CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH

Chaidh co-chomhairle phoblach a chumail san Dàmhair agus san t-Samhain 2022. Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh tro dhuilleagan-lìn co-chomhairleachaidh an NHS, na meadhanan sòisealta agus tro mheadhan-conaltraidh taobh a-staigh na seirbheis am measg luchd-obrach.

Chaidh dà choinneimh phoblaich a chur air dòigh, aon tè ann an Gàidhlig agus tèile ann am Beurla. Cuideachd, bha ceisteachan ri fhaotainn ann an Gàidhlig is Beurla.


Cha d' fhuaras mòran fhreagairtean idir, dh'fhaodadh gur e bu chòir airson sin gu bheil a' bhuidheann ag obair fo uiread de dh'uallach agus na h-uallaichean obrach sin a' sìor dhol am meud, sin agus na th' ann de cheisteachain a gheibhear dhan phoball air-loidhne san fharsaingeachd. Cha d' fhuaras ach 9 freagairtean (1 ann an Gàidhlig agus 8 ann am Beurla). Chithear geàrr-iomradh air na freagairtean gu h-ìosal. Fhuaras cuideachd diofar bheachdan – a' mhòr-chuid a' cur sìos air a' phlana – sna meadhanan sòisealta agus daoine a' bruidhinn air mar a thèid airgead poblach a chosg agus prìomhachasan airson seirbheisean slàinte is cùraim.

Tha coltas ann gu bheil daoine a' gabhail ris, ma thathar a' cosg airgead air a' Ghàidhlig gu bheil thu a' toirt airgead air falbh bho na seirbheisean slàinte airson sin a dhèanamh, dh'fhaodamaid soilleireachadh a thoirt a' chùis seo le bhith a' dèanamh conaltradh nas èifeachdaiche air feadh nan diofar sgiobaidhean. Bha cuid taingeil gun robhar a' dèanamh obair gus piseach a thoirt air cor na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne, agus bha iad toilichte gun robh e a' tachairt. Ge-tà, b' e am beachd a bu chumanta a fhuaras, nach robh a' Ghàidhlig cudromach an coimeas ris na prìomhachasan eile a bh' aig NHS na Gàidhealtachd agus seirbheisean slàinte san fharsaingeachd.

Chithear na freagairtean gu h-ìosal.

Q1: Are you a Gaelic speaker?


8 responses





Q2: I am participating in this survey in the following capacity:


8 responses



Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

Q5: Are you of the opinion that the aims and actions around Increasing the Learning of Gaelic, contained within this Plan, are appropriate?

8 responses




□

Tha mi dhen bheachd gu bheil na h-amasan agus gnìomhan sa Phlana agaibh a’ sealltainn mar a bu chòir fàs a thoirt air a’ Ghàidhlig, agus tha mi glè thoilichte gu bheilear gan cur air dòigh airson na Gàidhlig. Ge-tà, ri linn mar a tha na seirbheisean slàinte is cùraim an-dràsta – gainnead dhiubh agus cho doirbh ’s a tha e na seirbheisean ceart fhaotainn – saoil am bu chòir leasachadh a thoirt air na seirbheisean fhèin an toiseach, agus an uair sin faodar an tabhann ann an Gàidhlig agus Beurla.

Q3: Are you of the opinion that the aims and actions around Increasing the Use of Gaelic, contained within this Plan, are appropriate?

8 responses




- Mar neach a chleachd a bhith ag obair aca, chòrdadh e rium nam biodh beagan chlasaichean Gàidhlig rim faotainn do luchd-obrach NHS na Gàidhealtachd
- Dh’ionnsaich mi Gàidhlig agus tha mi an-còmhnaidh toilichte nuair a tha daoine eile airson a h-ionnsachadh. Bhithinn toilichte bruidhinn ri daoine san NHS ann an Gàidhlig, agus bhithinn glè thoilichte Gàidhlig fhaicinn agus a leughadh san ospadal msaa. ’S gann a tha

## Plana Gàidhlig NHS na Gàidhealtachd

sinn a' faighinn nan seirbheisean a bu chòir a bhith againn. Tha e a' cur iongnadh orm gu bheil sibh a' beachdachadh air seo seach a bhith a' feuchainn ri seirbheisean a dhìon, dìreach airson cothrom a thoirt do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh.

Q7: Are you of the opinion that the aims and actions around Promoting a Positive Image of Gaelic, contained within this Plan, are appropriate?


8 responses



Am biodh tu cho math beachdan sam bith a th' agad a thoirt seachad gu h-ìosal mu na h-amasan is gnìomhan sa Phlana a tha airson cuideachadh le bhith A' Cur Deagh Ìomhaigh air Adhart airson na Gàidhlig.

Q9: Do you think the Corporate Aims are appropriate?

8 responses



2 fhreagairt


- Tha deagh ìomhaigh aig cànanan san fharsaingeachd – tha seo neònach dhomh mar amas is ceann-uidhe
- Dòigh neo-iomchaidh ùine is airgead a chosg
- Tha deagh ìomhaigh airson Gàidhlig fhèin an seo, agus tha mi toilichte sin fhaicinn. Tha sin eadar-dhealaichte bho bhith a' cur deagh ìomhaigh air adhart dhan NHS ge-tà, bu chòir barrachd aire a thoirt dha sin.

Nam bu toil leat beachdan eile a thoirt seachad mun Phlana san fharsaingeachd, faodaidh sibh an cur an seo.

- B' fheàrr leam gun robh e a' moladh barrachd a thaobh na Gàidhlig agus b' fheàrr leam gun robh mi nas dòchasaiche gun coilean NHS na Gàidhealtachd am plana.
- Draghan gun tèid mearachdan a dhèanamh ann a bhith a' lorg adhbhar airson euslaint mura cleachdar Beurla, mura h-eil euslainteach ann aig a bheil Gàidhlig a-mhàin

Q12: In accessing and using NHS Highland services, have you ever been able to use Gaelic? e.g. Doctor's consultation, support from staff, provision of information.

8 responses




**C12 (b) Ma thuir sibh gun robh, bhiodh e feumail barrachd fiosrachaidh fhaotainn mun sin: leithid dè an t-seirbheis a bh' ann agus càite, agus ciamar a chaidh a' Ghàidhlig a chleachdadh. Cuidichidh fiosrachadh mar sin sinn le bhith a' planadh.**

- Litir agus nurs, ged as i Beurla a' chiad chànan agam, bha e laghach cabadaich ann an cànan eile
- Nurs le Gàidhlig uaireigin nuair a bha mi san ospadal


Q13: Would you be interested in using more Gaelic as part of your experience with NHS Highland services?

8 responses



Q13: Would you be interested in using more Gaelic as part of your experience with NHS Highland services?

8 responses



C13 (b) Dè na seirbheisean anns am biodh e, agus càite am biodh e, feumail nam biodh barrachd Gàidhlig ann?

- A h-uile àite! 'S ann mu dheidhinn chothroman a tha seo – 's ann ainneamh a chithear Gàidhlig air soidhnichean ach a-muigh 's dòcha ann an àiteigin mar Rathaig Mhòr. Carson a tha Gàidhlig na buannachd airson obraichean ann an dìreach cuid a sgìrean?
- Tha mise a' smaoinichadh, gus an cunnart a dh'fhaodadh a bhith ann bho fhiosrachadh mearachdach a lùghdachadh, gum bu chòir Beurla a chleachdadh sa chumantas mar phrìomh chànan. Tha cabadaich ann an Gàidhlig laghach.
- Bhithinn-sa toilichte barrachd Gàidhlig fhaicinn [nar seirbheisean] agus nar seirbheisean cùraim is slàinte fhèin. Cha bhi an sgioba meidigeach agam a' tighinn [an seo] a-nis air sàillibh nach fhaigh iad àite san ospadal, agus feumaidh mi am faicinn, an àite a bhith a' siubhal astar nuair a tha mi meadhanach. 'S fìor thoil leam Gàidhlig, agus bheir mi taic dhi gu bràth, ach 's ann do ar seirbheisean slàinte a bheir mi mo thaic an toiseach. Dh'aontaicheadh tòrr sa choimhearsnachd agam rium.

Fhuair sinn cuideachd grunn fhreagairtean a bha taobh a-muigh raon na h-eacarsaich co-chomhairleachaidh.